

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 2 | 2013 | AN GEARRAN

Facal Toisich

Cluinnidh sinn tric air an ràdio mu sheirbheisean Gàidhlig gan cumail air feadh na dùthcha. Aig aon àm bha na seirbheisean Gàidhlig cho pailt agus nach biodh iad air an ainmeachadh – 's e na seirbheisean Beurla a bha annasach ann an sgìrean Gàidhlig. Nach ann oirnn a thàinig an dà latha. Ann am bailtean dà-chànanach, leithid Loch nam Madadh, bha adhradh Gàidhlig anns a' mhadainn agus a' Bheurla air an oidhche.

Anns a' bhitheantas 's ann air an t-Sàbaid a tha seirbheisean Gàidhlig gan cumail. Ach o àm gu àm cluinnear sanas airson seirbheis Ghàidhlig air oidhche tron t-seachdain. Tha sin a' ciallachadh gum faod daoine o eaglaisean eile a bhith a' frithealadh na seirbheis, rud nach biodh cho furasta dhaibh Didòmhnaich agus iad a' dol don eaglais aca fhèin. An seo ann an Earra Ghàidheal tha na seirbheisean Gàidhlig againn aig trì uairean feasgar Latha na Sàbaid. Mar sin thèid aig daoine tighinn air astar on sgrì aca fhèin an dèidh dhaibh a bhith an làthair aig an t-seirbheis-mhàidne far a bheil iad a' fuireach. 'S e an dòigh as fheàrr air cur às do sheirbheis Ghàidhlig a bhith ga cumail aig uair nach eil a' freagairt air an luchd-adhraidh.

Tha e math gu bheil seirbheisean Gàidhlig gan cumail, air Sàbaid no air seachdain, ach saoilidh mi gu bheil e nas fheàrr buileach ma tha iad ann Didòmhnaich. 'S e latha fois agus adhraidh a tha seo agus mar sin 's e sin an t-àm as freagarraiche airson a bhith a' tighinn cruinn ann an co-chomann.

A h-uile Sàbaid tha seirbheis Ghàidhlig ann an Eaglais Chalum Chille ann an Glaschu agus ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann. Chan eil Gàidheil nam bailtean mòra cho taiceil do na seirbheisean sin agus a dh'fhaodadh iad a bhith.

Gach beannachd gu robh agaibh.

Ruairidh MacLeòid



Seo an eaglais ann an Taigh na Creige ann an eilean Dhiùraigh far a bheil an sluagh air a bhith ag adhradh o 1776. Tha an eaglais simplidh grinn 'na broinn agus tha rùm gu h-àrd far a bheil cruinneachadh mìorbhaileach de dhealbhannan a bhuineas don eilean. Tha na dealbhannan air an roinn ann an cuspairean, gu h-àraidh na bailtean ann an Diùraigh. Tha dealbhannan ann co-cheangailte ris an eaglais, 'nam measg sealladh tiamhaidh den ministear, an t-Urr. Dòmhnall Iain Robasdan, às an Eilean Sgitheanach, a' dol air ceann facal ùrnaigh agus buidheann de dh'fhir as an eilean ag ullachadh airson a bhith a' dol don Cheud Chogadh.

Cùil Nan Ceist

Seo an darna mìos den bhliadhna, agus an turas seo tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh a' tighinn on darna Soisgeul, Soisgeul Mharcuis. Tha sgoilearan an Tiomnaidh Nuaidh a' dèanamh a-mach gur e seo a' cheud Soisgeul a chaidh a sgrìobhadh. Nuair a bhios am Bioball ga eadar-theangachadh gu cànan ùr glè thrìc bidh iad a' toiseachadh leis an leabhar seo. Tha freagairt nan ceist air an duilleig mu dheireadh.

1. Cò de na deisciobail a thubhairt, "A Mhaighistir, is math dhuinne a bhith an seo"? (Marcus, caibideil 9.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Cia lion ----- a tha agaibh?" (Marcus, caibideil 6.)
3. Dè am far-ainm a thugadh air Seumas agus Eòin? (Marcus, caibideil 3.)
4. Dè a thug Moire agus na boireannaich eile gu uaigh losa? (Marcus, caibideil 19.)

Bròn – 2

Tha e cudthromach gu bheil fios againn cò an làmh a tha sinn a' greimeachadh. Chaidh an duine aig Evelyn Husband a dhìth ann an dà mhìle 's a trì nuair a chaidh an *Space Shuttle Columbia* as an rathad. Dh'fhaighnich cuideigin dhi as dèidh làimhe cò as a bha i a' faighinn a neirt. B'urrainn dhi a ràdh, *Gu ruige seo chuidich an Tighearna leinn.*

Bhruidhinn i aig co-labhairt bhoireannach mar seo. *Chan eil mòran agaibh a' dol a chall ur cèile le mìltean a' coimhead air telebhisean, ach tha a h-uile duine agaibh a' dol a dh'fhuilang air dòigh bheag neo mhòr air choireigin. Bha fios agam gu robh an Dia a bha maille rium ann an suidheachaidhean eile gu bhith còmhla rium anns an t-suidheachadh seo cuideachd. Cho tric b'fheudar dhomh mo làmh a chur 'na làimh-san agus m'earbsa a bhith ann.*

An t-seachdain mus do bhàsaich Iain thàinig Agnes agus an teaghlach dhachaigh à Canada. Bha Iain ann an rùm leis fhèin agus aon fheasgar bha mi fhìn agus Agnes agus a leanabh anns an rùm còmhla ris. Thubhairt e rithe, *Seinn dhomh, Agnes*, agus sheinn i an dà fhicheadamh salm.

Dh'fheith mi le foighid mhaith ri Dia,

Chrom thugam, dh'èisd mo ghuth:

Is thug E à sloc uamhainn mi,

A clàbar crèadha tiugh.

Bha a leanabh aice air a broilleach, bha an rùm rud-eigin dorcha, agus bha sàmhchair agus làthaireachd an Tighearna cho follaiseach anns an rùm nach b'urrauin dhomh smaoinichadh air ach mar seo:

Cuir dhìot do bhrògan bhàrr do chas, oir an t-àite air a bheil thu ad sheasamh is talamh naomh e. Cha bhi sinn tric a' faighinn mhòmaidean mar seo seo ach tha iad 'nan neart agus 'nan cofhurtachd dhuinn ann an àm feum ach tha geallaidhean Dhè seasamhach. Oir dealaichidh na slèibhtean rim bunait, agus atharraichear na beanntan as an àite; ach cha dealaich mo choibhneas riutsa, agus chan atharraichear coicheangal mo shith, deir an Tighearna aig a bheil truas dhìot.

Oighrig Fhearghasdan,

(A' Mhanachainn)

Searmon Beag

Na biodh eagal ort – Lùcas 2:10

Dè an àithne as trice a tha sinn a' leughadh air duilleagan a' Bhìobaill? An e *Na dèan mort* no *Na goid no Na toir fianais bhrèige*.

'S e an àithne, an t-òrdagh, as trice a gheibh sinn anns an t-Seann Tiomnadh agus anns an Tiomnadh Nuadh, *Na biodh eagal ort. Na biodh eagal oirbh.*

Smaoinich air a liuthad neach ann an eachdraidh a' Bhìobaill a chuala na faclan seo nuair a bha iad fo uamhas agus fo eagal.

Chanadh sibh gur e daoine aig an robh creideamh lag critheanach a chluinneadh an àithne seo, *Na biodh eagal ort*. Ach 's e cuid de na creidmich as sònraichte a chuala na faclan seo, agus iad a rèir coltais a' cur cruaidh fheum orra.

Seall air Abrahàm. 'S e an t-ainm agus an cliù a bha aige-san gum b'esan *Athair nan creidmheach*. Duine làidir ann an creideamh. Ach is esan a' cheud duine air a bheil iomradh againn anns a' Bhìoball a chuala na briathran seo o bhilean Dhè.

Nuair a bha 'inntinn ann am breislich, labhair guth Dhè ris, *Na biodh eagal ort, Abrahaim: is mise do sgiath agus do dhuais ro-mhòr.*

Chaidh a ghealltainn do dh'Abrahàm gum biodh a shliochd cho lìonmhor ri gainmheach na tràghad. Ach bha na bliadhnan a' dol seachad agus cha robh clann aig Sàrah. Bha esan a' fàs mì-mhisneachail trom-inntinneach. Ach labhair Dia ris airson a mhisneachadh. Bhiodh an gealladh a bha a' coimhead do-dhèante air a choileanadh. Agus mar a thubhairt, b'fhìor.

Smaoinich air Maois, gaisgeach treun a thug dùbhlann do rìgh na h-Eiphit, a bha air ceann an t-sluaigh a' fàgail na tìr far an robh iad ann am braighdeanas agus bha e 'na cheannard glic agus iad a' cur an aghaidh air Tìr a' Gheallaidh.

Ach bha esan a' cur feum air na briathran seo cuideachd, *Na biodh eagal ort*. Aig àm àraidh air turas an fhàsaich bha nàmhaid làidir a' seasamh 'nan aghaidh. Ach chuala Maois guth an Uille-chumhachdaich, *Na gabh eagal roimhe, oir dod làimh-sa thug mi thairis e fhèin, agus a shluagh agus 'fhearann*. Agus sin dìreach mar a thachair.

Leabhraichean

Is fìor thoigh leam fhèin a bhith a' leughadh mu na cuimhneachain a tha aig daoine air a bhith ag èirigh suas ann am baile beag iomallach far nach eil air fhàgail an-diugh ach na tobhtaichean. Tha mòran de na clachain sin air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

A chionn nach eil duine a' fuireach anns an h-àiteachan sin chan eil mòran iomraidh againn air cò ris an robh dòigh-beatha an t-sluaigh coltach. Ach anns an leabhran seo tha na cuimhneachain aig Ciorstaidh Magaidh Nic Ghille Mhìcheil a bha a' gabhail còmhnaidh ann an Stìomrabhagh ann an sgrìan na Pàirc ann an Leòdhas o 1924 gus an do chuir i a h-aghaidh air Glaschu an ceann a cosnaidh.

Ann an 1922 chuir còig teaghlachan à Leumrabhagh romhpa an dachaigh a dhèanamh ann an Stìomrabhagh a bha fàs bho chaidh an sluagh fhuadach ann an 1857. Ged a bha e cho iomallach 's e àite torrach a bha ann agus bha e ann an suidheachadh àlainn. An toiseach cha robh fiù 's ceum-coise a-mach às a' bhaile. Le eathar bha muinntir a' bhaile trì mìle air falbh à Leumrabhagh.

Anns an leabhar seo gheibh sinn dealbh tarraingeach air caitheamh-

Life on the Edge
Growing up in Steimreway
The Story of Chirsty Maggie Carmichael
le Bob Chambers
(Air fhoillseachadh le Urras Leabhraichean nan Eilean. £5)

beatha nan teaghlachan a rinn an dachaigh ann an Stìomrabhagh. Bha an sgoil a b'fhaisge ann an Leumrabhagh, agus b'fheudar do Chiorstaidh Magaidh fuireach còmhla ri piuthar a h-athar, a' tilleadh dhachaigh a Stìomrabhagh aig deireadh na seachdaine. Choisicheadh a màthair còmhla rithe cho fada ri Leumrabhagh feasgar na Sàbaid. Bhiodh iad a' dol don eaglais agus an dèidh sin thilleadh a màthair dhachaigh agus dh'fhanadh ise còmhla ri piuthar a h-athar.

Nuair a chaidh Ciorstaidh Magaidh air mhuinntireas gu Glaschu ann an 1940 cha robh ach dà theaghlach air fhàgail ann am Stìomrabhagh. Bhiodh beatha anns a' bhaile mhòr glè eadar-dhealaichte ris an dòigh-beatha ris an robh i cleachdte. Thogadh i ann an taigh-tughaidh anns an robh trì seòmraichean. Bhiodh iad a' tarraing an uisge à tobar agus bha pailteas mòna faisg orra. Nuair a bha obair ri dhèanamh bhiodh na teaghlachan a' cuideachadh a chèile. Agus 's e a thubhairt Ciorstaidh Magaidh, "Bha a h-uile rud a bha a dhìth oirnn againn ann an Stìomrabhagh."

Cuimhneachan laghach air àite far nach eil ach ballachan nan taighean an-diugh agus far an robh daoine càirdeil coibhneil toilichte.

Grunn thursan ann an leabhar Isaiah tha na faclan seo againn,
Na biodh eagal ort, oir tha mise maille riut.

Aig àm na Nollaig leugh sinn ann an Soisgeul Lùcais mu na buachaillean a bha a' dèanamh faire-oidhche air na caoraich anns na h-achaidhean faisg air Betlèhem. Bhiodh iadsan a' smaoinneachadh nach biodh ann ach oidhche àbhaisteach, gun mòran a' tachairt, mar a bha a-raoir agus a' bhòn-raoir.

Ach cha b'è oidhche àbhaisteach a bha ann. Dhealraich solas neo-àbhaisteach mun cuairt orra. *Ghabh iad eagal mòr*, tha Lùcas a sgrìobhadh, agus bu bheag an t-iongnadh gu robh iad fo gheilt.

'S iomadh rud a chuireas uamhann air daoine. Rudan diamhair nach eil iad a' tuigsinn. Slighe dhorcha air thoiseach orra gun iad a' faicinn dè a tha romhpa, glinn dhorcha na beatha seo. Ach dìreach nuair a bha na buachaillean air chrith, chuala iad guth an aingil ag ràdh, *Na biodh eagal oirbh.*


Tha e glè mhath a bhith ag ràdh ri daoine gun a bhith fo eagal. Ach feumaidh tu adhbhar a thoirt seachad airson nach bu chòir eagal a bhith oirnn. Chan eil annta ach briathran falamh mur toir sinn adhbhar-misneachd seachad cuideachd.

Dè an t-adhbhar misnich a thug an t-aingeal do na buachaillean?
Na biodh eagal oirbh: oir, feuch, tha mi ag innse dhuibh deagh sgeul mòr-aoibhneis a bhios don uile shluagh.

Tha naidheachdan matha ann nach eil ach airson cuid de dhaoine. Chan eil iad a' ciallachadh dad don mhòr-shluagh. Ach 's e a tha seo naidheachd mhòr airson an t-saoghail gu lèir.

Dè a tha anns an sgeul mhòr-aoibhneis? *Rugadh dhuibh an-diugh Slànaighear ann am baile Dhaibhidh, neach as e Crìosd an Tighearna.*

Tha naidheachdan ann nach mair ach fad latha. An-diugh tha iad air bilean an t-sluaigh. A-màireach cha bhì guth orra anns na pàipearan no air an telebhisean. Ach cha chaill an naidheachd seo a luach agus a brìgh. Tha i cho ùr, cho èifeachdach dhuinne an-diugh agus a bha i nuair a chuala na buachaillean an toiseach i. Thàinig am Maighistir, agus tha E gar gairm.



Bha mòran mhinistearan ann a bha 'nam bàird agus 'nan sgrìobhadairean Gàidhlig. Rugadh Eachann Camshron ann am Tiriodh ann an 1880. Ann ann 1907 chaidh a phòsadh ri coitheanal Chumlodain ann an Earra Ghàidheal, far an robh Fear-deasachaidh nan *Duilleag* 'na mhinistear. Ann an 1912 ghluais e gu Cille Mhàrtainn, agus an dèidh a bhith deich bliadhna an sin ghabh e ri gairm gu Eaglais Seann Sgìr an Obain. Ann an 1932 chaidh a cheangal ri sgìr na Mòigh agus Thom Aiteann, far an d'fhuair e bàs ann an 1932. 'Na nàbaidh dha anns a' Mhòigh bha an t-Urr. Alasdair MacGhilleathain, athair an sgrìobhaiche ainmeil leis am aon ainm. B'esan a dheasaich *Na Bàird Thiridheach* a chuireadh an clò ann an 1932. Tha fichead de na dàin aig Mgr. Camshron fhèin anns a' chruinneachadh seo de shaothair nam bàrd a rugadh ann an eilean Thiriodh.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "A Mhic Dhaibhidh, dèan tròcair orm." Tha seo sgrìobhte ann an Soisgeul Lùcais.

Tha na faclan anns an ochdamh caibideil deug, faisg air deireadh na caibideil. Gheibh sinn iad anns an aon rann seachad air an dà fhichead. (Lùcas 19:41.) Bha losa air an rathad gu Ierusalem. Bha duine dall 'na shuidhe ri taobh an rathaid. Dh'èigh e ri losa. Dh'iarra e tròcair. Agus fhuair e tròcair. Thug losa slàinte dha. Fhuair e a fhradharc air ais. 'S e Dia Athair nan tròcair.

29 Leugh mi leabhar beag brèagha bho chionn ghoirid. Bha daoine ag innse dè an sealladh a b'fheàrr leo ann an Alba.

Bidh a bheachd fhèin aig gach duine. 'S e sealladh air tràigh anns na h-eileanan a chanas cuid. Innsidh feadhainn eile mu shealladh o mhullach beinne. Canaidh cuid gur e a bhith a' coiseachd air a' mhachair as fheàrr leo. Bidh feadhainn eile a' smaoinneachadh nach eil sealladh cho brèagha ri bhith nad shuidhe ri taobh loch ag iasgach. Air a' Ghàidhealtachd chì sinn maise cruthachadh Dhè air muir agus air tìr.

30 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Diluain an dèidh na fèille." (Monday after the fair.) Cuin a bhios daoine a'

cleachdadh an t-seanfhaclain seo? Aig an fhèill tha mòran dhaoine ann. Tha daoine toilichte. Tha biadh agus deoch gu leòr ann. Ach nuair a thèid duine dhachaigh, Diluain an dèidh na fèille, tha cùisean eadar-dhealaichte. 'S dòcha nach eil mòran bidh a-staigh. Bidh am facal seo againn nuair a bhios bochdainn ann an dèidh pailteis. Cleachdaidh sinn am facal nuair a thig atharrachadh air ar suidheachadh.

31 Bha e grianach an seo anns an Dùbhlachd nuair a sgrìobh mi na faclan seo. Bha an loch socair sèimh. Ach dà latha air

ais cha robh an t-side mar sin. Bha sneachd agus reodhadh ann. Nuair a chaidh mi don leabaidh bha e còig puingeann fo neoni. Nuair a dh'èirich mi anns a' mhadainn bha e còig puingeann os cionn neoni. Bha sneachd againn tron oidhche. Ach thàinig uisge trom an dèidh sin agus dh'fhalbh an sneachd. Anns a' Bhìoball tha sneachd agus uisge, fuachd agus teas, 'nan samhlaidhean air rudan spioradail.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

*An dòighean dìomhair gluaisidh Dia,
Thoirt 'iongantais mun cuairt;
Mar charbad dha tha 'n doineann dhian,
'S tha lorg a chois sa chuan.*

Seo a' cheud cheathramh anns an laoidh ainmeil aig Uilleam Cowper, *God moves in a mysterious way*. Chaidh an laoidh eadar-theangachadh gu sgileil gu Gàidhlig leis an Oll. Urr. Alasdair Camshron (1827-1888), a bhuineadh do Bhàideanach, agus a bha 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Arainn. Bha e 'na sgoilear Gàidhlig sònraichte 'na latha, agus bhiodh e a' cumail chlasaichean Gàidhlig ann an Oilthaigh Ghlasco do dh'oileanaich a bha ag ullachadh airson na ministrealachd. Thug Cowper *An Solas a' Deàrrsadh anns an Dorchadas* mar ainm air an laoidh, agus bha i air a seinn an toiseach air an fhonn air a bheil Gàidheil glè eòlach, *Coleshill*.

TOIMHSEACHAN

Tha greis bho nach robh Toimhseachan Tarsaing againn, ach tha sinn an dòchas gum bi sin againn ann an iris a' Mhàirt. Bha againn ri *Duilleagan* a' Ghearrain ullachadh roimh mheadhan na Dùbhlachd agus àm na Nollaig gu bhith cho trang. Mar sin tha còir gum bi beagan fois againn airson an toimhseachan a chur ri chèile nuair a tha cùisean nas socaire aig deireadh agus aig toiseach na bliadhna.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh à Soisgeul Mharcuis.

1. Peadar. 2. ---buileann ---. 3. Boanerges. 4. Spìosraidh deagh fhàile. Bha iad glè fhurasta an turas seo!

DEAGH LEABHAR

Nuair a bha an iris seo ga h-ullachadh bha mar-thà na ceudan de leth-bhric den leabhar *Taingeachd agus Dòchas* air an reic. Rinn sinn measadh air an leabhar anns an Fhaoilleach. 'S e a tha seo seachd de na searmoinean Gàidhlig a liubhair an t-Urr. Tormod MacSuain, nach maireann, ann an Eaglais Chaluim Chille ann an Steòrnabhagh. Chan eil e 'na adhbhar iongnaidh gu bheil fèill cho mòr air an leabhar oir bha Tormod 'na dhuine cho bàigheil Crìosdail agus 'na shearmonaiche cho tlachdmhor brìoghmhor.

CEUMNACHADH

Bha sinn glè thoilichte a chluinntinn gun tug ar caraid, an t-Urr. Iain Moireach, ceum a-mach ann an Colaiste Diadhaireachd na Gàidhealtachd. Choisinn e BA le Urram ann an cuspairean diadhaireachd. Tha Mgr. Moireach, a tha a' fuireach anns an Eilean Sgitheanach, 'na mhinistear-cuideachaidh. Le innealachd an latha an-diugh chaidh aige air a' chuid mhòr den obair a dhèanamh on

dachaigh gun a bhith a' tadhal ann an Inbhir Pheofharain ach o àm gu àm. Nach math gu bheil cothrom aig oileanaich fòghlam aig àrd-ìre fhaighinn air a' Ghàidhealtachd gun a bhith a' cur bhliadhnachan seachad anns na bailtean mòra mu dheas.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear nach robh ach beag ann an àirde a' cumail seirbheis ann an eaglais air nach robh e eòlach. Cha do thuig e gu robh a' chùbaid cho àrd agus gann gum faiceadh an sluagh a cheann os cionn a' Bhiobaill. Bha an coitheanal a' smaoineachadh gun do thagh e salm a bha freagarrach air a shuidheachadh, ged nach do thuig e fhèin sin:

*On doimhne, O lehòbhah Dhè,
Do ghlaodh mi riutsa suas.*

Urnaigh

A Dhè ar Cruthaidhear,
a tha a' riaghladh
anns gach aimsir den bhliadhna,
taing dhut airson teachd an earraich.
Mar a chì sinn comharraidhean fàis
ann an obair nàdair mun cuairt oirnn
gum bi sinn a' miannachadh
a bhith a' fàs ann an gràs
agus ann an eòlas ortsa.
Nuair a chì sinn gach nì
a tha a' fàs a' tighinn beò as-ùr,
gum bi sinne ag iarraidh
a bhith air ar n-ath-bheothachadh
mar an ceudna.

Amen

**An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh air Loch Fin air
latha socair samhraidh.**

**Air an loch tha soithichean
de gach seòrsa – bàtaichean sheòl,
eathraichean iasgaich agus bàtaichean-aiseig.**

**Anns na seann linntean
bhiodh teachdairean an t-Soisgeil
a' siubhal o chladach gu cladach
leis an deagh sgeul.**